

Forest Heritage Scotland

Discover your roots in Scotland's forests

www.forestheritagescotland.com

Sgeul air Mairi an Aoinidh-Mhoir

Air 'aithris leatha fhein.

B'e sin latha na bochdainn do dh'iomadh aon, an là anns an do dhealaich Mac-Cailein ri oighreachd a shinnsir 's an àite 's an d'fhuair mise mo thogail.

Shaoil muinntir an Aoinidh-mhòir nach tigeadh imrich orra 'm fad 's bu bheò iad. Am feadh a phàigheadh iad am màl, agus cha robh sin doirbh 'r a dheanamh 's an àm sin, cha robh iomaguin orra; agus aonta cha d' iarr iad. 'S ann an sin a bha 'choimhearsnachd chàirdeil, ged nach 'eil an diugh ach an aon smùid o thigh a' bhuachaille Ghallda, far an robh roimhe so dà theaghlach dheug a chòmhnuidh.

An latha 'fhuair sinne bàirlinn gu falbh, shaoil sinn nach robh ann ach maoidheadh chum am barrachd màil 'fhaotainn, agus thairg sinn sin gu toileach; ach cead fuireach cha d'fhuair sinn. Recieadh am meanbh-chrodh, agus mu dheireadh b' éigin dealachadh ris an aona mhart. C'uin a dhì-chuimhnicheas mise ciùcharan bochd nam pàisdean, ag ionndrainn a' bhainne nach robh na b' fhaide r'a thoirt doibh? C'uin a dhì-chuimhnicheas mi 'n sealladh mu dheireadh a fhuair mi de m' bhdan bòidheach ghabhar, a' miogadaich air bile nan creag, mar gu-m biodh iad g'am fhanan gu dol g'am bleodhan?-ach cuach cha do leigheadh dhomh a chur fòpa. Thàinig latha na h-imrich; bha na maoir 'n a chois, agus fiù aon oidhche na b' fhaide cha robh ri 'fhaotainn de dh'fhasgadh tighe. B' éigin falbh. Ràinig e mo chridhe a' ghaoir a thug an teine as air lic an

tein ‘n uair a bha iad ‘g a bhàthadh. O’n a dh’fhairtlich oirnn bothan ‘fhaotainn ‘s an dùthaich, cha robh againn ach a’ Ghalldachd a thoirt f’ar ceann. Bha ‘n t-seana bhean, mo mhàthair-cheile, ‘s an àm sin beò, ‘n a cripleach lag, aosda; thog Seumas i ann an cliabh air a dhruim; lean mis’ e, le lain beag ‘n a naoidhein air mo chìch, agus thusa nach maireann, a Dhòmhnuille ghaolaich, ‘ad loireanach beag a’ coiseachd le d’ phiuthair ri m’ thoabh. Ghiùlain ar coimhearsnaich leo am beagan àirneis a bh’ againn, agus thaisbein iad gach caoimhneas a b’ urrainn caomh chàirdeas a nochdadh. An latha ‘dh’ fhàg sinn an t-Aoineadh-mòr shaoil mi gu-n sgàineadh mo chridhe; bhithinn ceart, ar leam, na-m faigheadh mo dheòir sileadh, ach faochadh air an dòigh so cha d’ fhuair mi. Shuidh sinn greis air Cnoc-nan-càrn, a’ gabhail an t-seallaidh mu dheireadh de ‘n àite ‘s an d’ fhuair sinn ar n-àrach. Bha na tighean cheana ‘g an rùsgadh ; bha mèilich nan caorach-mòr’ air a’ bheinn - fead a’ bhuachaille Ghallda, agus tathunn a chuid con air an uchdaich.

Read by Anne Sinclair

This is the transcript of the audio file available at
www.forestheritagescotland.com

